

Plana Nàiseanta na Gàidhlig
Co-chomhairle
Joan NicDhòmhnaill
Dalgety Bay
Fìobha

Bu mhath leam taing a thoirt dhuibh airson na h-obrach ionmholta a tha sibh air dèanamh gu ruige seo. Tha mi a' dol le amasan a' phlana gu mòr. Seo beagan bheachdan.

ANNS AN FHARSAINGEACHD

Chan eil mi den bheachd gu bheil targaidhean stèidhichte air Census 2011 a' toirt tìde gu leòr dhuinn càil susbainteach sam bith a choilionadh. Bhiodh 2021 nas ciallaiche.

SPIONNADH

Charm offensive – tosgairean na Gàidhlig.

Feumaidh daoine, gu h-àraidh anns na coimhearsnachdan Gàidhlig, an cànan a chleachdadh gu follaiseach a h-uile latha ma tha i gu bhith beò, fallainn. Le glè bheag trèanaidh (agus is dòcha brosnachadh beag a thaobh tuarastail) dh'fhaodadh cuid de dhaoine a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball - ann an ospadalan, ionadan coimhearsnachd, taighean tasgaidh, oifisean comhairle, sgoiltean, taighean òsta, bùithtean etc – a ghabhail mar dhleastanas a' Ghàidhlig a chleachdadh anns a' chiad dol a-mach nuair a thig daoine a-steach no nuair a bhruidhneas iad air a' fòn. Bhiodh seo a' toirt tòrr a bharrachd cothrom do dhaoine a tha fileanta an cuid Gàidhlig a chur gu feum nuair a bha iad an ceann an gnothaich, agus bheireadh e brosnachadh mòr do luchd-ionnsachaidh. Agus tha cuid, aig nach eil Gàidhlig idir, glè fhosgailte ri beagan a thogail, nam biodh na 'tosgairean' comasach air abairt no dhà ionnsachadh dhaibh. Chan eil a dhìth ach daoine fhaighinn nan 'tosgairean' a tha furanach, foighidneach – buadhan a bu chòir a bhith aig daoine a bhios a' dèiligeadh ri strainnsearan co-dhiù!

INBHE

- Tha e ro fhurasta di-chuimhneachadh gu bheil a' Ghàidhlig ann idir. Tha feum air follaiseachd a thaobh shanasan – air sràidean agus ann am bùithtean, ionadan sòisealta, sgoiltean agus ionadan poblach. Chan e dìreach àiteachan aig a bheil dlùth cheangal ri Gàidhlig leithid sgoiltean Gàidhlig, ach anns a h-uile àite. Tha seo air leth fìor anns a' Ghàidhealtachd fhèin, ach tha e cuideachd cudromach anns na bailtean mòra.
- Bhiodh e feumail cuideachd Gàidhlig fhaicinn air cinn-litreach agus sanasachd oifigeil bhuidhnean agus chompanaidhean air feadh na h-Alba. Is e dòigh fhurasta a bhiodh ann dhaibh air taic a thoirt don chànan agus tharraingeadh e aire a' mhòr-shluaigh. Nam b'urrainn don Bhòrd seirbheis eadar-theangachaidh a thabhann do chompanaidhean an asgaidh airson cinn-litreach agus sluagh-ghairmean bhiodh seo na chuideachadh.
- ALBA sgrìobhte air lèintean a h-uile cluicheadair spòrs a tha a' riochdachadh na dùthcha
- Bu chòir a dhèanamh follaiseach gu bheil a' Ghàidhlig a' buntainn ri Alba gu lèir agus gu bheil i fosgailte do dhuine sam bith a tha ga h-iarraidh.

FOGHLAM

- cùram-cloinne fad-latha tro mheadhan na Gàidhlig
- eòlas air Gàidhlig agus Gàidhlig fhèin (fiù abairt no dhà) ga theagasg don h-uile leanabh ann an Alba
- dleastanas a bhith air luchd-solair FTMG gun toir iad cùrsaichean Gàidhlig èifeachdach an asgaidh do phàrantan na cloinne.
- campaichean samhraidh Gàidhlig do dheugairean – an dà chuid aig a bheil Gàidhlig agus a tha airson Gàidhlig a thogail
- frèam-obrach nàiseanta airson cùrsaichean Gàidhlig do inbhich aig gach ìre, agus sanasachd (tro na meadhanan agus air-loidhne) gus am bi eòlas math aig daoine càite an ionnsaich iad an cànan
- sanasachd anns na meadhanan Beurla a’ brosnachadh dhaoine Gàidhlig ionnsachadh – rudeigin goirid, gleansach le àireamh fòn/seòladh lìn Bòrd na Gàidhlig aig an deireadh.
- buidheann de eòlaichean cànan a stèidheachadh a bhreithnicheadh air poileasaidh cleachdadh cànan ann an sgrìobhainnean oifigeil gus stiùireadh a thoirt do oifigearan Gàidhlig agus eadar-theangairean nan obair làitheil
- Thesaurus na Gàidhlig a chruthachadh
- Luchd-fastaidh a bhrosnachadh gus clasaichean Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach anns an àite-obrach fhèin, gu h-àraidh ma tha ceangal sam bith aig a’ chompanaidh/buidheann ri Gàidhlig/a’ Ghàidhealtachd/cultar na Gàidhlig/turasachd
- Taic airgid do dhaoine a tha airson dol air cùrsa bogaidh – tha e an ìre mhath do-dhèanta do dhaoine ann an obair làn-ùine Gàidhlig ionnsachadh gu h-èifeachdach.
- Daoine a tha fileanta no leth-fhileanta ann an còmhradh a bhrosnachadh gus eòlas fhaighinn air Gàidhlig a leughadh agus a sgrìobhadh. Bhiodh seo math do mhisneachd nan daoine fhèin agus bhiodh cuid aca deònach a dhol nan tidsearan air cùrsaichean Gàidhlig do inbhich no a chuideachadh ann an saoghal na Gàidhlig ann an dòighean eile.

CULTAR

- Oifigear-ceangail eadar am Bòrd agus VisitScotland agus buidhnean eile a bhios a’ sgaoileadh fios mu Alba gus an tèid cultar nan Gàidheal a riochdachadh ann an dòigh fhìor agus cothromach.
- ALBA ga chleachdadh mar shuaicheantas turasachd
- Fèisean agus cothroman cultarach eile a sgaoileadh nas fhaide ann an Alba gus am faigh a h-uile leanabh cothrom pàirt a ghabhail anns a’ chultar.
- Cudrom ga chur air cleachdadh na Gàidhlig aig a h-uile cruinneachadh far a bheil gin de na h-ealain Ghàidhlig gan taisbeanadh. Tha seo air leth riatanach a thaobh fèisean òigridh.
- Ionadan Gàidhlig a stèidheachadh anns na bailtean mòra mar dòigh air Gàidheil a tharraing còmhla agus aire a thogail mun chànan am measg dhaoine aig nach eil i,

agus airson cultar, cànan agus fòghlam na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a sgaoleadh. Bhiodh iad cuideachd nan àrainneachd Ghàidhlig do chlann is deugairean taobh a-muigh na sgoile.

Joan NicDhòmhnaill
8/11/06